

# A' leasachadh gach turas



**Plana Lìbhrigidh**  
**Plana slàinte is sàbhailteachd**

Foillsichte 1<sup>d</sup> Dàmhair 2025





## Clàr-innse

|                                                                                         |           |
|-----------------------------------------------------------------------------------------|-----------|
| <b>Geàrr-chunntas gnìomhach</b>                                                         | <b>3</b>  |
| <b>1. Facal-toisich</b>                                                                 | <b>3</b>  |
| <b>2. Poileasaidh Slàinte is Sàbhailteachd</b>                                          | <b>4</b>  |
| <b>3. Àrd-amas agus amasan</b>                                                          | <b>4</b>  |
| <b>5. Structar na buidhne</b>                                                           | <b>6</b>  |
| <b>6. Dreuchdan agus uallaichean</b>                                                    | <b>8</b>  |
| <b>7. A' coileanadh riatanasan reachdail</b>                                            | <b>11</b> |
| <b>8. Siostam Stiùiridh Slàinte is Sàbhailteachd</b>                                    | <b>12</b> |
| <b>9. Marasgladh gèillidh</b>                                                           | <b>13</b> |
| <b>10. Co-chomhairleachadh le luchd-obrach agus aonaidhean-ciùird</b>                   | <b>15</b> |
| <b>11. A' leasachadh cultar gun tubaist sam bith</b>                                    | <b>16</b> |
| <b>12. Co-dhùnadh</b>                                                                   | <b>18</b> |
| <b>Pàipear-taice 1 - Frèaman-obrach reachdail agus riaghailteach a tha buntainneach</b> | <b>19</b> |



## Geàrr-chunntas gnìomhach

Tha am Plana Slàinte is Sàbhailteachd seo a' mìneachadh mar a bhios sinne aig Cailleanach Mac a' Bhriuthainn a' libhrigeadh seirbheis aiseig a tha sàbhailte, gèilleach agus ath-sheasmhach fon chùmnant Seirbheisean Aiseig Chluaidh agus Innse Gall (CHFS3). Tha am plana a' sealltainn ar gealltanais do na h-inbhean as àirde de shlàinte is sàbhailteachd, agus tha e a' co-thaobhadh ri ar dleastanasan do Chòmhdhail Alba, ar luachan corporra agus na prìomhachasan obrachaidh nas fharsainge againn.

Tha sàbhailteachd mar phrìomh luach thar na buidhne againn air fad. Tha am plana seo a' cur an cèill mar a bhios sinn a' dèiligeadh ri slàinte is sàbhailteachd ann an dòigh a tha a' dìon luchd-obrach, luchd-siubhail, cùmhnantaichean agus na coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh. Tha e a' gabhail a-steach am modh-obrach againn a thaobh gèilleadh reachdail, riaghlachas, marasgladh coileanaidh agus leasachadh leantainneach — uile air an neartachadh le cultar sàbhailteachd a tha socraichte agus siostam stiùiridh a tha reachdmhor.

Bidh sinn a' libhrigeadh seo tro:

- Poileasaidh soilleir air slàinte is sàbhailteachd, le marasgladh aig ìre a' bhùird agus neach fa leth ainmichte air am bi an t-uallach airson coileanadh
- Co-chomhairleachadh bliadhnail le luchd-obrach agus aonaidhean-ciùird aithnichte air leasachadh agus buileachadh chleachdaidhean slàinte is sàbhailteachd
- Plana Slàinte is Sàbhailteachd structaraichte a tha a' mìneachadh riatanasan reachdail, siostaman stiùiridh, ullachaidhean marasglaidh agus cunntachalachd
- Gealltanais do leasachadh cultar gun tubaist sam bith, le taic bho chomharran coileanaidh so-thomhas agus slatan-tomhais thar raon nam bàtaichean-aiseig san rìoghachd.

Thathar a' dèanamh lèirmheas air a' phlana seo gach bliadhna, agus thathar ga ath-ùrachadh mar a dh'fheumar a rèir atharrachaidhean ann an reachdas, cleachdaidhean obrachaidh no dùilean luchd-ùidhe. Le bhith a' leabachadh slàinte is sàbhailteach a-steach do gach taobh de na h-obrachaidhean againn, bidh sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil na seirbheisean againn a' cumail orra a bhith sàbhailte, earbsach agus cunntachail do na coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh.

## 1. Facal-toisich

Aig Cailleanach Mac a' Bhriuthainn, tha sàbhailteachd mar uallach co-roinnte thar a h-uile ìre den obrachadh againn. Tha am plana seo a' mìneachadh mar a bhios sinn a' stiùireadh slàinte is sàbhailteachd air feadh libhrigeadh seirbheis aiseig Chluaidh is Innse Gall, a' dèanamh cinnteach gu bheil cunnartan air an comharrachadh, air am measadh agus air an smachdachadh ann an dòigh a tha a' dìon an luchd-obrach, luchd-siubhail agus cùmhnantaichean againn, a bharrachd air a' choimhearsnachd nas fharsainge.

Tha am modh-obrach againn air a bhunachadh ann an gèilleadh reachdail, cleachdadh as fheàrr a thaobh obrachadh agus gealltanais do leasachadh leantainneach. Tha sinn ag obrachadh siostam stiùireadh slàinte is sàbhailteachd ioma-chuimseach, a tha a' comasachadh aithriseadh flòr-ama, sgrùdaidhean structaraichte agus marasgladh coileanaidh thar an lìonraidh againn.

Tha am plana seo a' cur an cèill mar a bhios sinn:



- A' libhrigeadh sheirbheisean sàbhailte agus earbsach tro riaghlachas reachdmhor airson slàinte is sàbhailteachd
- A' coileanadh a h-uile riatanas reachdail agus inbhe gnìomhachais
- A' cur air adhart cultar sàbhailteachd for-ghnìomhach thar na h-oighreachd againn air tìr agus air feadh a' chabhlaich againn
- A' toirt seachad loidhnichean cunntachalachd soilleir agus ceannardas air marasgladh coileanaidh airson slàinte is sàbhailteachd

## 2. Poileasaidh Slàinte is Sàbhailteachd

Tha sinn an geall air inbhean as àirde de shlàinte is sàbhailteachd a chumail thar a h-uile taobh de na h-obrachaidhean againn. Tha am Poileasaidh Slàinte is Sàbhailteachd againn a' mìneachadh rùn, uallaichean agus ullachaidhean na buidhne againn airson dèanamh cinnteach gu bheil a' dion sunnd luchd-obrach, luchd-siubhail, chùmhantaichean agus na coimhearsnachd nas fharsainghe.

Thathar a' dèanamh lèirmheas air a' phoileasaidh gach bliadhna agus tha e ri fhaotainn don luchd-obrach uile tron eadra-lìon againn. Thathar ga thaisbeanadh cuideachd air feadh an lìonraidh againn agus thathar ga fhoillseachadh air an làraich-lìn againn gus dèanamh cinnteach gu bheil trid-shoilleireachd ann airson luchd-siubhail agus treas pàrtaidhean.

Tha sinn air frèam-obrach a' phoileasaidh againn a dhealbhadh gu bhith:

- A' coileanadh h-uile riatanas reachdail is inbhe gnìomhachais a tha buntainneach
- A' mìneachadh dhreuchdan is uallaichean gu soilleir aig a h-uile ìre den bhuidhinn
- A' toirt taic do libhrigeadh sheirbheisean aiseig a tha sàbhailte, gèilleach agus èifeachdach
- A' cur air adhart cultar sàbhailteachd for-ghnìomhach thar na h-oighreachd againn air tìr agus air feadh a' chabhlaich againn
- A' comasachadh leasachadh leantainneach tro riaghlachas structaraichte agus marasgladh coileanaidh

Tha am Poileasaidh Slàinte is Sàbhailteachd a' faighinn taic bhon t-siostam stiùiridh amalaichte againn, agus tha e mar bhun-stèidh a' mhodh-obrach againn a thaobh stiùireadh chunnartan, barantachd obrachaidh agus gèilleadh laghail. Tha e a' co-thaobhadh ri riatanasan a' chùmhaint CHFS3 agus tha e a' neartachadh libhrigeadh a' Phlana Slàinte is Sàbhailteachd seo.

## 3. Àrd-amas agus amasan

### Àrd-amas

'S e àrd-amas a' phlana seo a bhith a' cur an cèill mar a bhios sinn a' glèidheadh slàinte, sàbhailteachd agus sunnd a h-uile neach fa leth air a bheil na h-obrachaidhean againn a' toirt buaidh agus sinn a' libhrigeadh sheirbheisean aiseig Chluaidh is Innse Gall.

Tha sinn an geall air na dleastanasan laghail againn a choileanadh, na h-uallaichean moralta is ionmhasail againn fhoir-lìonadh agus cultar sàbhailteachd a leabachadh a tha for-ghnìomhach agus a tha a' toirt taic do leasachadh leantainneach thar an lìonraidh againn.



## Amasan

Tha ar n-amasan slàinte is sàbhailteachd air an structarachadh timcheall a' mhodh-eòlais "Planaich-Dèan-Dearbh-Cuir an gnìomh" agus tha iad air an dealbhachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil lìbhrigeadh sheirbheisean sàbhailte, gèilleach agus èifeachdach. Tha iad seo a' gabhail a-steach:

- A' comharrachadh agus a' gèilleadh ri a h-uile riatanas reachdail, làithreach agus ag èirigh, tron Chlàr Riosgan againn airson Slàinte is Sàbhailteachd an Luchd-obrach
- A' toirt seachad modhannan soilleir, leabhraichean-làimhe, measaidhean cunnairt agus stiùiridhean obrach tro shiostam stiùiridh amalaichte a' chompanaidh againn
- A' cleachdadh measadh cunnairt mar phrìomh uidheam gus cunnartan mòra a chomharrachadh agus smachdan freagarrach agus foghainteach a chur an gnìomh
- A' dèanamh cinnteach gu bheil uidheamachd shàbhailte ga toirt seachad, ga glèidheadh agus ga sgrùdadh ann an co-rèir ri stiùireadh an luchd-dèanaimh agus riatanasan reachdail far a bheil sin buntainneach
- A' smachdachadh stuthan cunnartach ann an co-rèir ri inbhean laghail agus cleachdadh as fheàrr obrachaidh
- A' toirt seachad àitichean-obrach sàbhailte do luchd-obrach agus bun-structar sàbhailte airson luchd-siubhail agus luchd-cleachdaidh treas-phàrtaidh
- A' dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach air an trèanadh agus gu bheil iad comasach airson nan gnìomhachdan obrach sa bheil iad an sàs
- A' stiùireadh gnìomhachdan chùmhantaichean tro phròiseasan barantachd làidir agus cunntachalachd shoilleir
- A' brosnachadh agus a' toirt taic do luchd-obrach agus custamairean a bhith ag aithris shuidheachaidhean is modhan-giùlain a tha neo-shàbhailte, agus a' freagairt gu luath gus dèiligeadh ri cùisean-iomagain.
- A' furastachadh comhairleachadh cunbhalach tro choinneamhan sàbhailteachd agus tro chom-pàirteachadh le Comataidh HSEQ
- A' rannsachadh thubaistean agus ion-thubaistean gu mionaideach gus builean ionnsachaidh a chomharrachadh agus gnìomhan ceartachaidh a chur an gnìomh
- A' cur air adhart àrainneachd obrach shàbhailte le stiùireadh soilleir air ainneart agus miann-còmhraig
- A' dèanamh rannsachaidhean is sgrùdaidhean cunbhalach gus neo-ghèilleachdan a chomharrachadh agus piseach a phutadh air adhart
- A' sìor-leasachadh mothachadh, sgilean agus dòighean-giùlain a thaobh sàbhailteachd thar na h-oighreachd againn air tìr agus air feadh a' chabhlaich againn



## Prìomh Chomharran Coileanaidh (KPIs)

Tha sinn a' cleachdadh nam prìomh chomharran coileanaidh a chithear ann an Clàr 1 gus sùil a chumail air coileanadh, treandaichean a chomharrachadh agus taic a thoirt do leasachadh leantainneach thar a h-uile raon den obrachadh againn.

### Clàr 1 – Prìomh Chomharran Coileanaidh

| KPI                                                                          | Targaid    |
|------------------------------------------------------------------------------|------------|
| Tubaistean Luchd-siubhail gach 100k a bhathar a' giùlan                      | $\leq 1.3$ |
| Tubaistean Charbadan gach 100k a bhathar a' giùlan                           | $\leq 1$   |
| Co-mheas Ion-thubaistean gu Tubaistean                                       | $\geq 3.5$ |
| LTIFR – Tuiteamasan Ùine air a Call gach 1M uairean-a-thìde a dh'obair neach | $\leq 2$   |

## 5. Structar na buidhne

Airson seirbheis aiseig shàbhailte agus ghèilleach a libhrigeadh, tha e deatamach gu bheil loidhnichean cunntachalachd soilleir ann, riaghlachas làidir agus structar buidhne socraichte a tha a' toirt taic do choileanadh slàinte is sàbhailteachd thar a h-uile raon obrachaidh.

Aig Cailleanach Mac a' Bhriuthainn, tha an riaghlachas slàinte is sàbhailteachd againn air a leabachadh aig ìre a' bhùird agus air a chas-shruthadh air feadh na buidhne tro na sgiobaidhean ceannardais is stiùiridh againn.

Tha marasgladh ga thoirt seachad le Comataidh Slàinte, Sàbhailteachd, Àrainneachd agus Càileachd na Buidhne (HSEQ), a tha a' gabhail a-steach Stiùirichean Neo-ghnìomhach bho Bhòrd DML, agus tha Cathraiche na Comataidh HSEQ sa chathair. (Figear 1). Tha cothrom aig a' chomataidh seo air an CEO fhèin agus tha iad a' toirt seachad barantachd do Bhòrd DML gu bheilear a' dèiligeadh ri slàinte is sàbhailteachd gu h-èifeachdach thar na buidhne.


'S e adhbhar na Comataidh HSEQ a bhith:

- A' dèanamh lèirmheas air agus a' cumail sùil air dlùth-leanailteachd ri poileasaidhean is modhannan foirmeil air slàinte is sàbhailteachd
- A' dèanamh measadh air èifeachdas is iomlanachd frèam-obrach a' phoileasaidh slàinte is sàbhailteachd
- A' toirt seachad barantachd air coileanadh do Bhòrd DML
- A' dèanamh lèirmheas air agus ag ùghdarrachadh (no a' moladh airson ùghdarrachadh) ro-innleachdan ceangailte ri obrachaidhean sàbhailte, slàn agus tèarainte
- A' cumail sùil air adhartas fa chomhair amasan ro-innleachdail air slàinte is sàbhailteachd
- Ag àrdachadh chùisean don Bhòrd far a bheil sin riatanach



- A' sgrùdadh shiostaman is pròiseasan ceangailte ri stiùireadh càileachd

**Figear 1 – Structaran Riaghlachais**



Tha raon-ùghdarrais na comataidh ag às-dùnadh IT agus tèarainteachd dàta, a tha air a mharasgladh le Comataidh Sgrùdaidh is Chunnartan DML.

## Ceannardas agus stiùireadh

Tha Bòrd nan Stiùirichean an geall gu h-iomlan air dèanamh cinnteach gu bheil stiùireadh slàinte is sàbhailteachd èifeachdach ann agus tha iad a' gabhail uallach orra fhèin airson toirt seachad àrainneachd obrach shàbhailte, shlàn agus tèarainte airson a h-uile duine.

Tha seo ga choileanadh tro:

- A' tiomnachadh uallach airson cur an gnìomh a' Phoileasaidh Slàinte is Sàbhailteachd do Stiùirichean Gnìomha, Cinn nan Roinnean agus na manaidsearan uile, a bharrachd air dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile neach-obrach a' tuigsinn an uallaichean airson an slàinte is sàbhailteachd fhèin agus slàinte is sàbhailteachd an fheadhainn air am bithear a' toirt buaidh le an gnìomhan.
- A' dèanamh cinnteach gu bheil goireasan freagarrach gan toirt seachad airson taic a thoirt do libhrigeadh slàinte is sàbhailteachd
- A' leabachadh slàinte is sàbhailteachd a-steach do chultar stiùiridh san fharsaingeachd
- A' cur air adhart cultar sàbhailteachd deimhinneach tro cheannardas faicsinneach
- A' cur an dreuchd pearsachan comasach gus reachdas slàinte is sàbhailteachd a chur an gnìomh
- A' cumail shiostaman stiùiridh slàinte is sàbhailteachd a tha reachdmhor
- A' toirt taic do phrògraman leasachaidh luchd-obrach a tha a' gabhail a-steach trèanadh slàinte is sàbhailteachd
- A' brosnachadh conaltradh fosgailte agus fios air ais air cùisean slàinte is sàbhailteachd



- Ag aithneachadh deagh chleachdadh sàbhailteachd agus a' dìoladh dha rèir

### **Cunntachalachd obrachaidh**

Taobh a-staigh structar Chailleanach Mac a' Bhriuthainn:

- Tha Roinn Inbhean is Coileanaidh a' cur air dòigh poileasaidhean is inbhean tar-ruigheach a thaobh slàinte is sàbhailteachd, a' toirt seachad comhairle iomchaidh air reachdas ceangailte ri muir is tìr agus a' stiùireadh prògram an sgrùdaidh amalaichte.
- 'S ann air Stiùiriche Rianachd a' Chabhlaich a tha an t-uallach airson slàinte is sàbhailteachd thar shoithichean is seirbheisean taice air tìr
- Tha an t-Àrd-oifigear Obrachaidh cunntachail airson slàinte is sàbhailteachd thar an lìonraidh, a' gabhail a-steach puirt, calachan agus sàbhailteachd bìdh.

Tha an structar seo a' dèanamh cinnteach gu bheil uallaichean slàinte is sàbhailteachd air am mìneachadh gu soilleir agus air an cur an gnìomh thar a h-uile raon den ghnothachas.

## **6. Dreuchdan agus uallaichean**

Airson seirbheis aiseig shàbhailte is ghèilleach a lìbhrigeadh, tha feum ann air cunntachalachd shoilleir airson slàinte is sàbhailteachd thar a h-uile ìre den bhuidhinn. Tha structar na buidhne againn a' dèanamh cinnteach gu bheil na h-uallaichean air am mìneachadh agus air an tiomnadh agus gu bheil taic air a toirt dhaibh le goireasan is riaghlachas iomchaidh.


### **Àrd-oifigear Gnìomha**

'S ann air an Àrd-oifigear Gnìomha a tha an t-uallach deireannach airson dèanamh cinnteach gu bheil Poileasaidh Slàinte is Sàbhailteachd ga chur an gnìomh gu h-èifeachdach air feadh na buidhne. Tha seo a' gabhail a-steach:

- A' tiomnadh uallach airson cur an gnìomh a' phoileasaidh gu Stiùirichean Gnìomha, Cinn Roinnean agus àrd-mhanaidhsearan (faic Figear 2)
- A' dèanamh cinnteach gu bheil goireasan gu leòr rim faotainn airson taic a thoirt do lìbhrigeadh slàinte is sàbhailteachd
- A' leabachadh slàinte is sàbhailteachd a-steach don chultar stiùiridh san fharsaingeachd
- A' cur air adhart cultar sàbhailteachd deimhinneach tro cheannardas faicsinneach
- A' cur an dreuchd pearsachan comasach gus reachdas slàinte is sàbhailteachd a chur an gnìomh
- A' cumail suas siostaman stiùiridh slàinte is sàbhailteachd a tha reachdmhor
- A' toirt taic do phrògraman leasachaidh luchd-obrach a tha a' gabhail a-steach trèanadh slàinte is sàbhailteachd
- A' brosnachadh conaltradh fosgailte agus fios air ais air cùisean slàinte is sàbhailteachd
- Ag aithneachadh deagh chleachdadh sàbhailteachd agus a' dìoladh dha rèir



**Figear 2 – Structar na Buidhne aig Àrd Ìre**



## Cinn nan Roinnean

Tha an t-uallach air Cinn nan Roinnean airson dèanamh cinnteach à slàinte is sàbhailteachd an luchd-obrach uile taobh a-staigh an raointean fa leth aca. Tha na h-uallaichean aca a' gabhail a-steach:

- A' mìneachadh nan ullachaidhean eagrachaidh taobh a-staigh na roinne aca airson Poileasaidh Slàinte is Sàbhailteachd a chur an gnìomh
- A' dèanamh cinnteach gu bheil goireasan gu leòr rim faotainn airson taic a thoirt do libhrigeadh slàinte is sàbhailteachd
- A' taisbeanadh gealltanais faicsinneach do dh'inbhean àrda de shlàinte is sàbhailteachd
- A' cur an gnìomh siostaman stiùiridh a tha a' toirt taic do mheasadh is smachdachadh chunnartan
- A' comharrachadh agus a' dèiligeadh ri feumalachdan trèanaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach comasach
- A' cur air adhart dlùth-leanailteachd ris na Riaghailtean Sàbhaladh Bheathannan aig Cailleanach Mac a' Bhriuthainn

## A h-uile neach-obrach

Tha dreuchd chudromach aig a h-uile neach-obrach ann a bhith a' glèidheadh àrainneachd obrach shàbhailte. Thathar a' dùileachadh gum bi a h-uile neach-obrach:



- Gan giùlan fhèin le cùram dligheach airson an cuid sàbhailteachd fhèin agus airson sàbhailteachd chàch
- A' co-obrachadh le riatanasan is modhannan slàinte is sàbhailteachd
- A' cleachdadh uidheamachd gu sàbhailte agus a rèir trèanaidh
- Ag aithris air suidheachadh obrach sam bith a dh'fhaodadh cunnart mòr adhbharachadh no cunnart a dh'fhaodadh tachairt a dh'aithghearr
- A' toirt taic do chultar sàbhailteachd deimhinneach agus a' dlùth-leantainn ri Riaghailtean Sàbhaladh Bheathannan
- A' dèanamh eadraiginn airson dèiligeadh ri dòigh-giùlain no suidheachadh a tha mì-shàbhailte
- A' cleachdadh Ùghdarras Sguir a dh'Obair (SWA) gus crìoch a chur air gnìomhachd sam bith a tha ag adhbharachadh cunnart
- Ag aithris chùisean sàbhailteachd, tubaistean agus ion-thubaistean ann an aithghearrachd


### **Roinn Inbhean is Coileanaidh**

'S ann air Roinn Inbhean is Coileanaidh a tha an t-uallach airson:

- A' stèidheachadh poileasaidhean is inbhean tar-ruigheach airson slàinte is sàbhailteachd
- A' toirt seachad comhairle iomchaidh air reachdas ceangailte ri muir is tìr
- A' stiùireadh prògram an sgrùdaidh amalaichte gus dèanamh cinnteach à gèilleadh
- A' toirt taic do ghnìomhachdan barantachd thar a h-uile raon obrachaidh

Tha seo air a stiùireadh tron structar eagrachaidh a chithear ann am Figear 3.

**Figear 3 – Inbhean is Coileanadh – Structar eagrachaidh an Sgioba HSQE**





## Cunntachalachd obrachaidh

Tha libhrigeadh slàinte is sàbhailteachd air a leabachadh taobh a-staigh na loidhne stiùiridh, le prìomh uallaichean mar a leanas:

- Stiùiriche Rianachd a' Chabhlaich – cunntachail airson sàbhailteachd thar shoithichean agus sheirbheisean-taice air tìr
- Àrd-oifigear Obrachaidh – tha an t-uallach air airson sàbhailteachd thar an lìonraidh, a' gabhail a-steach puirt, calachan agus sàbhailteachd bìdh
- Stiùirichean Gnìomha – tha an t-uallach orra airson sàbhailteachd taobh a-staigh nam buidhnean-stiùiridh fa leth aca

Tha an structar seo a' dèanamh cinnteach gu bheil slàinte is sàbhailteachd mar uallach co-roinnte, le taic bho riaghlachas agus marasgladh obrachaidh a tha soilleir.

## 7. A' coileanadh riatanasan reachdail

Tha sinn an geall air làn ghèilleadh ris a h-uile riatanas slàinte is sàbhailteachd a tha a' buntainn ri na h-obrachaidhean againn fo libhrigeadh Sheirbheisean Aiseig Chluaidh agus Innse Gall (CHFS3). Tha am modh-obrach againn structaraichte, for-ghnìomhach agus ann an co-rèir ri riatanasan reachdail na Rìoghachd Aonaichte agus Buidheann Eadar-nàiseanta na Mara (IMO).

### Prìomh Fhrèam-obrachaidhean reachdail

Tha am frèam-obrach gèillidh againn a' gabhail a-steach, ach chan eil e cuibhrichte ris, an reachdas is na còdan a leanas:

- Achd na Slàinte is Sàbhailteachd san Àite-obrach msaa. 1974
- Achd Luingeas Marsantach 1995
- Riaghailtean Stiùireadh Slàinte is Sàbhailteachd san Àite-obrach 1999
- Riaghailtean Luingeas Marsantach (Còd Stiùireadh Sàbhailteachd Eadar-nàiseanta) 2014
- Riaghailtean Aithriseadh air Leòntan, Galaran agus Tuiteamasan Cunnartach (RIDDOR) 2013
- Riaghailtean Riochdairean Sàbhailteachd agus Comataidhean Sàbhailteachd 1977
- Riaghailtean Slàinte is Sàbhailteachd (Co-chomhairleachadh agus Luchd-obrach) 1996
- Còd Cleachdaidhean-obrach Sàbhailte airson Chuantach Marsantach
- Riaghailtean Àite-obrach (Slàinte, Sàbhailteachd agus Leas) 1992
- Riaghailtean Togail (Dealbhachadh agus Stiùireadh) 2015
- Riaghailtean Smachd Stuthan Cunnartach do Shlàinte (COSHH) 2002
- Riaghailtean Obrachaidhean Làimhseachaidh le Làimh 1992
- Riaghailtean Solarachadh agus Cleachdadh Uidheamachd Obrach (PUWER) 1998
- Riaghailtean Obrachaidhean Togail-an-àird agus Uidheamachd Togail-an-àir (LOLER) 1998



- Achd Teine (Alba) 2005 agus riaghailtean co-cheangailte
- Cunraidhean Buidheann Eadar-nàiseanta na Mara (IMO) a' gabhail a-steach SOLAS, MARPOL agus STCW

Tha liosta iomlan den h-uile frèam-obrach reachdail agus riaghailteach a tha buntainneach rim faotainn ann am Pàipear-taice 1. Chan eil an liosta seo a' gabhail a-steach a h-uile nì agus thathar a' cur ris le riaghailtean a bharrachd a bhuineas do raointean sònraichte, Còdan-obrach Aontaichte (ACOPs) agus sgriobhainnean stiùiridh a tha buntainneach do na h-obrachaidhean againn.

### **Marasgladh agus ath-ùrachaidhean**

Tha sinn a' cumail fo-sgrìobhadh do sheirbheis cuairt-iomradh fiosrachaidh laghail, a tha a' toirt seachad fios ro làimh air atharrachaidhean laghail. Tha ath-ùrachaidhean buntainneach gan sgaoileadh air feadh na buidhne agus tha iad a' nochdadh sa Chlàr Laghail agus docamaideadh an t-siostaim stiùiridh againn.

Le bhith a' leabachadh gèilleadh reachdail a-steach san fhrèam obrachaidh againn, tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil a' dèiligeadh ri cunnartan slàinte is sàbhailteachd gu h-èifeachdach agus gu bheil na seirbheisean againn a' cumail orra a bhith sàbhailte, laghail agus cunntachail an dà chuid do na riaghlaidhean agus do na coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh.

## **8. Siostam Stiùiridh Slàinte is Sàbhailteachd**

Tha sinn ag obrachadh Siostam Stiùiridh Slàinte is Sàbhailteachd ioma-chuimseach, air a dhealbhadh gus a h-uile riatanas reachdail a choileanadh agus Seirbheisean Aiseig Chluaidh agus Innse Gall (CHFS3) a libhrigeadh gu sàbhailte. Tha an siostam againn ag amalachadh poileasaidh, modh, marasgladh agus slatan-tomhais gus dèanamh cinnteach à coileanadh cunbhalach thar an lìonaidh againn.

### **Co-phàirtean an t-siostaim**

Tha an Siostam Stiùiridh Slàinte is Sàbhailteachd againn a' gabhail a-steach nam prìomh eileamaidean a leanas:

- Clàr Laghail air Slàinte is Sàbhailteachd Obrach – clàr beò de reachdas buntainneach agus riatanasan gèillidh
- Poileasaidh Slàinte is Sàbhailteachd – an aithris againn air rùn na buidhne agus uallaichean
- Plana Slàinte is Sàbhailteachd – am frèam obrachaidh airson libhrigeadh fo CHFS3
- Leabhar-làimhe Stiùireadh na Buidhne (GMM) – docamaideadh riaghlachais thar-ruighich agus smachdachaidh
- Leabhar-làimhe Slàinte, Sàbhailteachd agus Àrainneachd (HSEM) – modhannan agus inbhean mionaideach
- Leabhraichean-làimhe Obrachaidh – air am freagarrachadh a rèir seòrsa soithich agus obrachaidhean puirt, a' gabhail a-steach:
  - › Soithichean Mòra Ro-Ro (MVOM)
  - › Soithichean Beaga Ro-Ro (SVOM)



- › Soithichean Luchd-siubhail A-mhàin (PVOM)
- › Soithichean Bàta-obrach (WVOM)
- › Obrachaidhean Puirt agus Chalachan (PHOM)
- Measaidhean Riosg agus Fiosrachadh Obrach – smachdan agus stiùireadh sònraichte airson ghnìomhachdan
- Siostam PURE – an t-àrd-ùrlar againn taobh a-staigh airson:
  - › Aithriseadh, rannsachadh agus molaidhean air tuiteamasan
  - › Stiùireadh sgrùdaidhean agus gnìomhan ceartachaidh
  - › Docamaideadh air coinneamhan sàbhailteachd
- Clàr Riosgan Corporra – marasgladh ro-innleachdail agus obrachaidh air riosg, le taic bho lèirmheasan cunnairt
- Uidheaman Cultair Sàbhailteachd – a' gabhail a-steach bhidiothan A' labhairt mu Shàbhailteachd, Brathan Fiosrachaidh Sàbhailteachd agus Riaghailtean Sàbhaladh Bheathannan
- Marasgladh Coileanaidh – aithrisean sàbhailteachd gach mìos, KPIs agus anailis threandaichean
- Sgeideal an Sgrùdaidh Amalaichte – sgrùdaidhean stèidhichte air riosg a rinneadh taobh a-staigh agus bhon taobh a-muigh
- Fòraman Taobh a-muigh agus Slatan-tomhais – a' gabhail a-steach com-pàirteachadh ann an Iomairt Sàbhailteachd Bhàtaichean-aiseig airson Luchd-siubhail

## **Slatan-tomhais agus leasachadh leantainneach**

Tha sinn a' cur gu feum slatan-tomhais airson nan cleachdaidhean slàinte is sàbhailteachd againn tro chom-pàirteachadh gnìomhach ann an Iomairt Sàbhailteachd Bhàtaichean-aiseig airson Luchd-siubhail, air a cho-òrdanachadh le Seòmar-luingeis na Rìoghachd Aonaichte. Tha am fòram seo a' leigeil leinn coimeas a dhèanamh a thaobh coileanadh, ionnsachadh a cho-phàirteachadh agus a bhith a' co-thaobhadh ri cleachdadh as fheàrr thar an raoin.

Le bhith a' glèidheadh Siostam Stiùiridh Slàinte is Sàbhailteachd a tha structaraichte agus so-fhreagrach, tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil na h-obrachaidhean againn a' cumail orra a bhith gèilleach, trid-shoilleir agus a' sìor-leasachadh — a' toirt taic do libhrigeadh sheirbheisean aiseig lìn-bheatha gu sàbhailte thar costa an iar na h-Alba.

## **9. Marasgladh gèillidh**

Tha sinn a' cur an gnìomh modh-obrach structaraichte agus ioma-bhreathach gus sùil a chumail air gèilleadh ris na pròiseasan slàinte is sàbhailteachd againn. Tha am frèam-obrach barantachd againn a' coimeasgachadh riaghlachas air an taobh a-staigh, marasgladh obrachaidh agus sgrùdadh bhon taobh a-muigh gus dèanamh cinnteach gu bheil a' coileanadh inbhean slàinte is sàbhailteachd gu cunbhalach thar a h-uile raon den ghnothachas.

Tha an t-uallach airson sùil a chumail air gèilleadh ga cho-roinn thar prìomh dhreuchdan:



- Tha Stiùiriche Inbhean is Coileanadh air ceann leasachadh a' phrògraim airson sgrùdadh siostamataigeach a dhèanamh, a tha a' còmhachadh a h-uile co-phàirt den Phlana Slàinte is Sàbhailteachd
- Tha Stiùiriche Rianachd a' Chabhlaich, an t-Àrd-oifigear Obrachaidh agus na Stiùirichean Gnìomha cunntachail airson libhrigeadh obrachaidh taobh a-staigh nam buidhnean-stiùiridh fa leth aca
- Tha am Manaidsear Barantachd Coileanadh, am Manaidsear Inbhean Chalachan agus am Manaidsear Slàinte, Sàbhailteachd is Àrainneachd a' cumail sùil air gnìomhachdan firinneachaidh agus barantachd

### **Gnìomhachdan marasglaidh**

Thathar a' cumail sùil air gèilleadh tro raon de ghnìomhachdan structaraichte, a' gabhail a-steach:

- Coinneamhan an àrd-sgioba-stiùiridh bho àm gu àm a' cur fòcas air coileanadh sàbhailteachd
- Lèirmheasan na Comataidh HSEQ agus aithriseadh do Bhòrd DML
- Lèirmheasan air inbhean is coileanadh sna roinnean
- Sgrùdaidhean air an taobh a-staigh agus bhon taobh a -muigh ann an co-rèir ri Còd Stiùireadh Sàbhailteachd Eadar-nàiseanta (ISM)
- Dearbhaidhean shoithichean agus sgrùdaidhean gèillidh air tìr
- Prògraman faire slàinte luchd-obrach
- Coinneamhan comataidh slàinte is sàbhailteachd (air soithichean agus air tìr)
- Sgrùdaidhean bliadhnail stèidhichte air riosgan airson shoithichean agus na h-oighreachd air tìr
- Aithriseadh air tuiteamasan agus rannsachadh tron t-siostam PURE, a' gabhail a-steach anailis bun-adhbhair agus aithriseadh reachdail
- Pròiseasan a thaobh Stiùireadh Dhàimhean le Solaraichean agus Stiùireadh Càileachd Sholaraichean
- Lèirmheasan stiùiridh gus measadh a dhèanamh air èifeachdas, treandaichean a chomharrachadh agus gnìomhan ceartachaidh aontachadh
- Fo-sgrìobhadh do sheirbheis cuairt-iomradh fiosrachaidh laghail airson fios tràth air atharrachaidhean laghail.
- Com-pàirteachadh le, agus sgrùdadh le, Buidheann-ghnìomha na Mara is nam Maor-chladaich airson marasgladh leantainneach air:
  - › Sgrìobhainn Gèillidh (DoC)
  - › Teisteanasan Stiùiridh Sàbhailteachd (SMC)
- Sgrùdaidhean bhon taobh a-muigh air an t- Siostam Stiùiridh Càileachd againn ISO 9001
- Eacarsaichean èiginn planaichte agus deuchainneachadh leantainneachd gnothaich



Tha am frèam-obrach marasglaidh ioma-chuimseach seo a' dèanamh cinnteach gu bheil coileanadh slàinte is sàbhailteachd faicsinneach, so-thomhas agus a' sìor-dhol am feabhas. Tha e cuideachd a' toirt barantachd do Chòmhaidh Alba agus luchd-ùidhe eile gu bheil na h-obrachaidhean againn a' cumail orra a bhith gèilleach, sàbhailte agus ion-amasach.

## **10. Co-chomhairleachadh le luchd-obrach agus aonaidhean-ciùird**

Tha sinn an geall air co-chomhairleachadh fosgailte, structaraichte agus ion-ghabhalach a chumail le luchd-obrach agus aonaidhean-ciùird aithnichte air a h-uile cùis a tha a' buntainn ri slàinte is sàbhailteachd. Tha am modh-obrach seo a' sealltainn ar gealltanais nas fharsainge do phrionnsapalan obair chothromach agus riaghlachas co-obrachail.

### **Co-chomhairleachadh bliadhnail**

Bidh sinn a' cumail oirnn a bhith a' co-chomhairleachadh le luchd-obrach agus aonaidhean-ciùird gach bliadhna air leasachadh, cur an gnìomh agus coileanadh nan cleachdaidhean slàinte is sàbhailteachd againn. Bidh na co-chomhairleachaidhean seo structaraichte, trid-shoilleir agus ion-ghabhalach, a' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig a h-uile phàrtaidh, ann an dòigh bhrìoghmhor, a' bhith a' cur ri leasachadh leantainneach a' chultair sàbhailteachd againn.

### **Frèam-obrach co-chomhairleachaidh**

